



**Geàrr-chunntas de choinneimh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir air a chumail air Dihaoine 08 Ògmhios 2018 ann an Seòmair Shomhairle, Ionad Iain Nobail, Sabhal Mòr Ostaig aig 10.15m.**

**Buill:** Aonghas S MacLeòid (Cathraiche) Aonghas MacAonghais (gu 1f)  
Aonghas L MacLeòid Boyd Robasdan  
Iain Greumach Iain Moireasdan  
Sine Ghilleasbuig (air fòn) Art MacCarraig  
Màiri NicAnndrais Bekah NicLeòid  
Aonghas MacIllinnein (bho 10.45)

**An Làthair:** Iain T MacLeòid, Nicola NicThòmais, Gillian Rothach (gu 12.30), Karen Cheanadach, Donnie Rothach, Fiona NicFhionghain (Geàrr-chunntas)

**Leisgeulan:** Jo NicDhòmhnail  
Sandy Jones  
Kathleen NicFhionghain  
Catriona Dunn

Gnìomh

1

**FÀILTE**

Chuir an Cathraiche fàilte air na buill agus na bha an làthair, agus gu h-àraidh air Boyd agus Iain Tormod chun na coinneimh mu dheireadh aca. Chaidh taing a thoirt dhaibh airson na h-obrach mhòr a tha iad air a dhèanamh dhan Cholaiste thar nam bliadhnaichean.

Chaidh taing shònraichte a thoirt do Bekah agus Kathleen airson a bhith air a' Bhòrd agus an sealladh cudromach a tha iad air a bhith a' toirt dhan Bhòrd air saoghal nan oileanach aig an t-Sabhal.

Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Màiri NicAnndrais a tha air crìoch a chur air PhD.

Dh' ainmich an Cathraiche gum biodh atharrachadh air a' chlàr-ghnothaich agus gum bithte a' bruidhinn mun Chill Bhig mar chuspair fa-leth ro Aithris a' Chathraiche.

2

**ÙIDHEANN**

Nochd Aonghas L MacLeòid ùidh ann am puing 10.8 a thaobh Cànan. Tha ceangal teaghlach aige ri neach-obrach an sin.

3

**GEÀRR-CHUNNTASAN**

3.1

**CU18-01-02 (09.03.2018)**

Chaidh ainmeachadh gu bheil Gillian sìos na Ball air a' gheàrr-chunntais an àite a bhith an làthair.

Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh leis a' cheartachadh sin.

3.2

**Puingean Gnìomh**

Chaidh obrachadh tro na puingeann gnìomh a leanas:

CU	Puing	Cuspair	Gnìomh	Dèante
17.04	8.1	<b>Gàidhlig</b>	Boyd	

& 18.01	& 11.1	Duilgheadasan aig sgoilearan Gàidhlig a thaghadh mar chuspair a' toirt buaidh air àireamhan sa Cholaiste. Puing ri thogail aig ìre phoilitigeach.		Dèante
18.01	5.4	<b>Comataidh Duais</b> Aon bheàrn air a' chomataidh. Aonghas a' dol a bhruidhinn ri buill.	ASML	Dèante
18.01	7.1.2	<b>Ro-innleachd Nam Meadhanan</b> Barrachd rannsachaidh a dhith le eòlaichean bhon ghniomhachas.	DR	Air a' ghabhail thairis
18.01	8	<b>Leasachadh na Cille Bige</b> Coinneamh fòn mu leasachadh na Cille Bige ri chumail.	DR	Air a' ghabhail thairis Faic Puing 4.
18.01	8	<b>An taisbeanadh aig Ronnie MacRath, HSCHT</b> a' cuartachadh a-measg bhall.	FNF	Dèante
18.01	11.1	<b>Gàidhlig</b> Rannsachadh a dhèanamh air dè an roghainn a th' aig sgoilearan a thaobh Gàidhlig anns na sgoiltean.	NNT	Dèante
18.01	11.1	<b>Ro-innleachd Procurement</b> Cuartaichidh Karen dreachd ùr den Ro-innleachd airson Procurement	KC	Dèante
18.01	11.8	<b>Poileasaidhean</b> a chaidh aontachadh rin cur dhan leabhar-làimhe.	FNF	Dèante
18.01	11.9	<b>Clàr na Bliadhna</b> Coinneamhan a' Chomataidh Cho-ionannachd ri chur ri clàr na bliadhna.	CNC	Dèante
18.01	12.1	<b>An t-Albannach</b> Ainmeannan gu Janni.	NNT	Dèante

3.3 **Comataidh Sgrùdaidh AUD18-01-02 [09.02.2018]**

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

3.4 **Comataidh Chorporra CoCo18-01-02 [17.05.2018]**

Thugadh fa-near an geàrr-chunntas

3.5 **Gnothaichean ag Èirigh**

3.5.1 **Comataidh Ionmhais is na h-Oighreachd**

Thèid deitichean ùr a chuartachadh a dh' aithghearr gu buill a' Chomataidh leis gun deach CIO a chur dheth sa Chèitean.

CMK

4

**A CHILL BHEAG**

Mhìnich Donnie an suidheachadh mu phios talmhainn faisg air na taighean ùra. 'S ann le Comhairle na Gàidhealtachd a tha an talamh sin agus tha cunnart ann gum biodh taighean air an togail air an làraich aig nach biodh gnothaich ri Sabhal Mòr.

**Thug am Bòrd cead** gluasad air adhart le iarrtas chun na Comhairle airson na h-ath ìre de thaigheadais le plana airson measgachadh de thaigheadas:

DM

4 taighean  
 3 làraich togail  
 4 taighean comhairle  
 8 dachaighean sheann daoine  
 Flataichean airson oileanaich agus luchd-obrach.

Bidh coinneamh ann an ath-sheachdain leis a' Chomhairle agus thèid am plana seo a mholadh dhaibh.

## 5 AITHRIS A' CHATHRAICHE

### 5.1 Dreuchd Iar-Phrionnsapail/ Ceannard an Fhoghlaim

Chaidh agallamhan a chumail ach tha am pròiseas fastaidh fhathast a' leantainn. Thèid naidheachd a sgaoileadh a dh' aithghearr.

### 5.2 Inbhe na Colaiste

Tha còmhraidhean a' dol taobh a-staigh Oilthigh na Gàidhealtachd agus san Rìghaltas a thaobh cuid de na Colaistean a' tighinn ri chèile agus a' bhuidhe a bhiodh aig seo air Colaistean eile taobh a-staigh lìonraidh OGE. Tha na còmhraidhean sin a' leantainn agus tha e a' toirt cothrom dhan t-Sabhal coimhead ri inbhe na Colaiste ri linn sin. Tha an Cathraiche air coinneachadh ri Gary Coutts, Cathraiche cùirt OGE, agus mhol esan gum bu chòir coinneamh a bhith ann eadar Prionnsapal OGE agus Prionnsapal SMO airson beachdachadh air àite agus Inbhe na Colaiste taobh a-staigh OGE.

## 6 BALLRACHD

### 6.1 Buill ùra

B' e seo a' chiad choinneimh aig Aonghas MacIllinnein na Stiùiriche agus chaidh fàilte a chur air.

### 6.2 Aithisg Rùnaire a' Bhùird

Thugar fa-near aithisg Rùnaire a' Bhùird.

### 6.3 A' taghadh Iar-Chathraiche

Cha deach taghadh a dhèanamh. Bidh Aonghas a' bruidhinn ri buill. ASML

### 6.4 Comataidhean

Thugar fa-near an liosta de bhuill air gach comataidh.

### 6.5 Litir bho Anton Edwards OGE

Cha robh e comasach do bhall sam bith bhon Bhòrd Stiùiridh a bhith nam ball de Stèidheachd OGE aig an àm seo. Ma tha ùidh aig buill, cuiribh fios gu Fiona.

## 7

**AITHISG A' PHRIONNSAPAIL**

- 7.1 Bhruidhinn Boyd ris an aithisg agus chomharraich e na puingeann a leanas:
- 7.1.1 **Faclair na Gàidhlig**  
Fhuair fios sa Ghiblean bho Chomhairle Maoinachaidh na h-Alba gun robh an tagradh maoinachaidh soirbheachail. Tha iad air aontachadh £2.5m de mhaoinachadh a thoirt dhan phròiseact thairis air còig bliadhna (2018-23).
- 7.1.2 **ERDF**  
Thàinig dearbhadh sgrìobhte bho choinnich na buill mu dheireadh nach bi aig a' Cholaiste ris a' pheanas a bhathar a' bagairt a phàigheadh air ais.
- 7.2 **Pàirce-Geo Dà-Chànanach an Eilein Sgitheanaich**  
Chaidh coinneamh a chumail mun Phàirce-Geo Da-chananach air an 14 den Chèitean le riochdairean coimhearsnachdan bhon Eilean Gu ruige seo chan eil geàrr-chunntas den choinneimh ri fhaighinn. Thog Nicola gu robh dragh mòr oirre mun uallach a bharrachd a chuireadh obair a' Phàirce air sgioba an t-Sabhail. Bha i a' faireachdainn gun robh cothroman ann a bhith a' com-pàirteachadh leotha gu ìre, ach bhiodh e eu-comasach do luchd-obrach an t-Sabhail a bhith an-sàs ann gu domhainn.  
**Chaidh aontachadh** gabhail ri moladh bho Hill House Studio làrach lìn a chruthachadh agus gum bu chòir dha bhith dà-chànanach. Bha na buill a' faireachdainn gum biodh e feumail nam biodh Oifigear leasachaidh aig buidheann na Pàirce-Geo gus cùisean a ghluasad air adhart. Bidh na còmhraidhean a' leantainn leotha.
- 7.3 **Sàr Ghàidheil**  
Chaidh aontachadh duaisean na bliadhna seo a thoirt do: Mairead NicLeòid, Seinneadair, Oide agus Neach-teagaisg agus Iain MacPhàrlain, Eòlaiche eachdraidh agus dualchainnt Earra-Ghàidheil.

## 8

**FOGHLAM AGUS RANNSACHADH**

- 8.1 **Aithisg Acadaimigeach**  
Thòisich Iain Tormod le bhith a' toirt taing do na buill agus gu h-àraidh do Bhoird airson na taic a tha e air a bhith faighinn anns na bliadhnaichean a chaidh seachad.  
Bhruidhinn Iain Tormod ris an aithisg agus thugadh fa-near na puingeann a leanas:
- 8.1.1 **Àireamhan Oileanach**  
'S e 105 FTE (full time equivalent) an targaid a th' ann airson 2018/19 agus tha targaid de 230 airson oileanaich gu lèir ann. Dh' ainmich Iain Tormod gu bheil àireamhan a' coimhead nas fhèarr na bha iad aig an àm seo an uiridh.

Thog e gu bheil draghan ann mun àireamh oileanach a tha tighinn dìreach bho sgoiltean agus cho beag dhiubh a tha a' tighinn thugainn bhon àrd-sgoil.

As dèidh deasbaid, chaidh moladh gum bu chòir rannsachadh a dhèanamh air an àireamh de chloinn a tha a' suidhe deuchainnean Gàidhlig. Cuideachd na cothroman a th' aig clann Gàidhlig a dhèanamh san àrd-sgoil mar chuspair agus an roghainn a th' aig sgoilearan a thaobh Gàidhlig nuair a tha iad a' taghadh chuspairean aig àrd ìre ann an diofar sgoiltean. (m.e Ciamar a tha na colbhan taghaidh air an cur a-mach, A bheil Gàidhlig a' farpais le cuspairean eile)

ITML/CFR

Chaidh aontachadh gun dèanadh a' Chomataidh Foghlaim is Rannsachaidh an sgrùdadh chudromach seo.

## 8.2 **Brath Naidheachd - Cuairt a dh' Èirinn**

Thugadh fa-near am brath naidheachd.

## 8.3 **Aithris bho na h-Oileanaich**

Thug Bekah fios labhairteach seachad mu na tha air a bhith a' tachairt bho choinnich na buill mu dheireadh, a' togail air na puingeann a leanas:

### 8.3.1 **Togalach Comann Nan Oileanach**

Tha togalach CNO a-nis deiseil agus chaidh fhosgladh air an 11 Cèitean. Chur Bekah a taing an cèill dhan sgioba aoigheachd agus sgeadachaidh airson na h-obrach a rinn iad gus an togalach a chur air dòigh.

### 8.3.2 **Comann Nan Oileanach**

Chaidh taghadh a dhèanamh air Cathraiche agus Iar-chathraiche ùr agus bidh iad a' gabhail àite Kathleen agus Bekah air a' Bhòrd aig an ath choinneimh san t-Sultain.

### 8.3.3 **An Cùrsa TBh**

Tha na filmichean deireannach a rinn oileanaich a' chùrsa a-nis air SMO TV. Cuiridh Fiona an ceangal sin gu buill.

FMK

## 9 **AITHISG AN STIUIRICHE LEASACHAIDH**

Thughadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh. Cha robh ceistean sam bith aig buill.

## 10 **GNOTHAICHEAN CORPORA**

### 10.1 **Am Buidseat**

Chaidh am buidseat gu deireadh a' Ghiblean '18 agus an ro-aithris (forecast) gu Iuchar '18 fa chomhair a' Bhùird. Thug am Bòrd taing do Karen airson cho soilleir sa tha na figearan air an cur a-mach agus cuideachd mar a tha na caochlaidhean (*variances*) air an sealltainn.

Thog Karen gun d' thàinig airgead bho HIE airson an rannsachadh coimhearsnachd (*Feasibility Study*) a-staigh an-diugh fhèin (08/06/18).

- Cha robh ceistean sam bith aig buill.
- Bidh Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (CIO) ag aontachadh a' Bhuidseit airson 18/19 aig an ath choinneimh den chomataidh sin. KC/  
CIO
- Bidh feum aig a' Bhòrd am buidseat sin aontachadh cuideachd agus thèid coinneamh fòn sònraichte a chumail airson sin a dhèanamh. FMK
- 10.2 **Clàr Chunnartan**  
Chaidh obrachadh tro na puingeann dearga agus àrdachaidhean a bha air a bhith ann le mìneachadh bho Karen agus aontachadh bhon Bòrd air an fheadhainn a bha dearg. KC  
Rinn am Bòrd moladh aig Puing 4.3 - Bu chòir na puingeann ùrachadh m.e. tha dà bhliadhna bho chaidh am plana margaidheachd a luachadh.
- 10.3 **Ro-innleachd airson Procurement**  
Chuartaich Karen dreachd ùr den ro-innleachd a' gabhail a-steach na puingeann a chaidh a thogail aig a' choinneimh mu dheireadh. KC  
**Chaidh aontachadh** an abairt a leanas a chur air duilleag 2:  
"These values will inform our strategy and policy on procurement"  
Chaidh moladh agus aontachadh Gàidhlig a bhith aig mullach na liosta luachan.  
Bithear ag obair air poileasaidh mar an ath cheum.
- 10.4 **Trèanadh air Risk**  
Chaidh aontachadh nach biodh na buill a' dèanamh trèanadh air Risk aig an àm seo, ach a bhith a' coimhead ri feumalachdan trèanaidh a thig à toraidhean an fhèin-luachaidh. FMK
- 10.5 **Aithisg Chorporra**  
Thugar fa-near an aithisg Chorporra. Cha robh ceistean sam bith aig buill mun aithisg.
- 10.6 **Adhartas an Ro-innleachd**  
Thugar fa-near an aithisg air Adhartas an Ro-innleachd. Cha robh ceistean sam bith aig buill mun aithisg.
- 10.7 **Sgeama Pàighidh HE**  
Thugar fa-near am pàipear agus am moladh bho Nicola gluasad gu HE pay Framework seach Barganachadh Nàiseanta agus **chaidh aontachadh gu h-aon ghuthach** cead an ath cheum a ghabhail agus bruidhinn ris a' Chomhairle Mhaoineachaidh. Thèid na h-atharraichean a chaidh a mholadh aig coinneimh a' Chomataidh Chorporra a chur ris a' phàipeir. NNT

- 10.8 **Cànan**  
 Chaidh taing a chur an cèill gu Sheonaidh Dòmhnallach bhon Bhòrd airson na h-aithisg a dheasachadh.  
 Dh' aontaich am Bòrd Stiùiridh gun robh feum air Bòrd Cànan a' neartachadh mar a chiad cheum. **Dh'aontaich** Aonghais MacAonghais agus Iain Moireasdan a dhol air Bòrd Cànan.  
 Chaidh aontachadh gun coimheadadh Bòrd ùr Cànan air cunnartan agus cothroman do Chànan.  
 Thog Aonghas MacIllinnein gum biodh e deònach bruidhinn ri Roinn na Gàidhealtachd a thaobh cothroman ceanglaichean a dhèanamh le Ionadan meadhanan (multimedia units) na Roinne. IM/ AMA  
 AMI
- 10.9 **Fèin-luachadh a' Bhùird**  
 Chaidh foirm fèin-luachaidh a chuartachadh gu buill. Thog Aonghas L. MacLeòid nach robh am foirm luachaidh furasta a leantainn agus gum biodh suirbhidh nas fheàrr. Coimheadaidh Fiona ri seo airson an ath thuras or tha a' mhòr chuid de Bhuill air an fhoirm a' lìonadh a-nis. FMK  
 Chaidh aontachadh gum bu chòir am pròiseas a bhith cho fosgailte sa ghabhas agus gu bheil cothrom ann bruidhinn ris a' Chathraiche aig àm sam bith.
- 10.10 **Poileasaidhean**  
 Chaidh na poileasaidhean a leanas tron Chomataidh Chorporra agus dh' ùghdarraich am Bòrd iad:  
 Ùine dheth gun chead  
 Fòrladh Tròcaireach - Atharrachadh gu "suas ri dà sheachdain obrach" far a bheil bàs san teaghlach (pàrant, pàiste, bràthair, piuthar) ri linn riaghailtean ùra bhon Riaghaltas (An Dàmhair 2017) Gearanan & Modh Làimhseachadh Ghearanan - dà phoileasaidh ri chur còmhla.  
 Chaidh aontachadh ris a' mholadh gun lean sin riaghailtean ACAS/An Riaghaltas a thaobh:  
 Ùine dheth do luchd-obrach le Eisimeilich  
 Ùine dheth do phàrantan  
 Chaidh am poileasaidh a leanas aontachadh aig a' Chomataidh Sgrùdaidh agus dh' ùghdarraich am Bòrd e:  
 Whistleblowing  
 Thèid an cur dhan leabhar-làimhe. FMK
- 11 **GNOTHAICH IOMCHaidh SAM BITH EILE**
- 11.1 **SMO @ 50**  
 Dh' ainmich Boyd gum bi a' Cholaiste 50 bliadhna a dh' aois ann an 2023 agus gur e fìor chothrom a bhiodh an sin aire a tharraing gu obair na colaiste. Bu chòir tòiseachadh air planaichean airson SMO @ 50 ann an ùine gun a bhith fada. Buidheann Stiùiridh

11.2 **Ceann-là chudromach**  
Chaidh a chur an cuimhne bhuill gum bi cuirm air chumail air an 10 Lùnastal aig an t-Sabhail airson sòraidh slàn a ràdh ri Boyd agus Iain Tormod.

12 **CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH**  
Ceann-là na h-Ath Choinneimh: **14 Sultain 2018, Sabhal Mòr Ostaig.**

Sgoil a' choinneamh aig 2.40f